

1. Builean Ionnsachaidh | Learning Outcomes

Tha an cùrsa **SpeakGaelic** stèidhichte air na h-ìrean agus comasan CEFR, **FICE 'Frèam Iomraidh Cumanta Eòrpach'** sa Ghàidhlig. Nuair a tha luchd-ionnsachaidh air crìoch a chur air a' chùrsa **B2** bu chòir dhaibh a bhith cofhurtail gun urrainn dhaibh aontachadh ris na briathran a leanas:

SGÈILE COITCHEANN | GLOBAL SCALE

- Is urrainn dhomh bruidhinn le ìre fileantais agus saorsa a nì conaltradh cunbhalach ri luchd-labhairt fileanta comasach gun strì air taobh seach taobh den chòmhradh.
- Is urrainn dhomh prìomh bheachdan ann an teacsaichean toinnte an dà chuid air cuspairean nitheil agus eas-chruthach a thuigsinn, a' gabhail a-steach còmhraidhean teicnigeach san raon eòlais agam fhèin.
- Is urrainn dhomh teacsa soilleir, mionaideach a sgrìobhadh air farsaingeachd de chuspairean agus sealladh a mhìneachadh air cùis chuspaireil - a' toirt seachad nam buannachdan is eas-bhuannachdan de chaochladh bheachdan.

Bu chòir tuigse a bhith aig an luchd-ionnsachadh air na thathar an dùil bhuapa aig gach ìre ionnsachaidh. Tha na Builean Ionnsachaidh aig toiseach gach **Cuspair** a' soilleireachadh nan comasan practaigeach a bu chòir a bhith aig an luchd-ionnsachaidh an dèidh dhaibh crìoch a chur air. Tha e cudromach na diofar sgilean cànan a thuigsinn: **Èisteachd, Leughadh, Labhairt Eadar-obrachail, Labhairt Thairbheach** agus **Sgrìobhadh**.

Faodaidh comasan cànan a bhith gu math eadar-dhealaichte anns gach sgil. Bidh luchd-ionnsachaidh soirbheachail dìcheallach ann a bhith a' sireadh measgachadh de dhòighean eadar-dhealaichte airson na sgilean aca a thoirt air adhart. Aig ìre **B2**, bu chòir dhan luchd-ionnsachaidh a bhith cofhurtail 's iad a' cleachdadh na Gàidhlig ann an iomadh suidheachadh agus bu chòir dhaibh a bhith a' feuchainn ri an sgilean cànan air fad a chleachdadh bho latha gu latha.

THA NA LÀRAICHEAN-LÌN A LEANAS A' SEALLTAINN FIOSRACHADH FARSAING AIR ÌREAN FICE:

WWW.SPEAKGAELIC.SCOT/WP-CONTENT/UPLOADS/2021/11/SG-CEFR-SCALE.PDF

WWW.COE.INT/EN/WEB/COMMON-EUROPEAN-FRAMEWORK-REFERENCE-LANGUAGES/LEVEL-DESCRIPTIONS

COMASAN LABHAIRT | SPEAKING ABILITIES

- Is urrainn dhomh bruidhinn le ìre fileantais agus saorsa a nì conaltradh cunbhalach ri luchd-labhairt fileanta comasach gun strì air taobh seach taobh den chòmhradh.
- Is urrainn dhomh pàirt ghnìomhach a ghabhail ann an còmhradhean ann an co-theacsaichean is aithne dhomh, a' mìneachadh agus a' daingneachadh mo bheachdan.
- Is urrainn dhomh mìneachaidhean soilleir, mionaideach a thoirt seachad air farsaingeachd de chuspairean co-ceangailte rim raon eòlais.
- Is urrainn dhomh sealladh a mhìneachadh air cùis chuspaireil - a' toirt seachad nam buannachdan is eas-bhuannachdan de chaochladh bheachdan.

COMASAN ÈISTEACHD | LISTENING ABILITIES

- Is urrainn dhomh òraidean is labhairt fhada a leantainn fiù 's le loidhnichean argamaide toinnte cho fad 's aithne dhomh an cuspair gu ìre.
- Is urrainn dhomh a' mhòr-chuid de phrògraman TBh naidheachdan is aithriseach a thuigsinn.
- Is urrainn dhomh a' mhòr-chuid de dh'fhilmichean is prògraman anns na dualchainntean coitcheann a thuigsinn.

COMASAN LEUGHADH | READING ABILITIES

- Is urrainn dhomh altan agus aithisgean a leughadh mu thrioblaidean an latha an-diugh anns am bi na sgrìobhadairean a' gabhail sheasamhan no sheallaidhean sònraichte.
- Is urrainn dhomh rosg litreachail co-aimsireil a thuigsinn.

COMASAN SGRÌOBHAIDH | WRITING ABILITIES

- Is urrainn dhomh teacsa soilleir, mionaideach a sgrìobhadh air farsaingeachd de chuspairean a bhuineas do na h-ùidhean agam.
- Is urrainn dhomh aiste no aithisg a sgrìobhadh, a' toirt seachad fiosrachadh no adhbharan a chuireas taic ri no a thèid an aghaidh sealladh àraid.
- Is urrainn dhomh litrichean a sgrìobhadh a' soilleireachadh brìgh phearsanta a bh' aig tachartasan agus fiosrachaidhean.

Bheir ionnsachadh aig a h-uile ìre nas fhaide na bhios an comas air a thoirt seachad ann an clasaichean, no le meadhanan craolaidh is didseatach. Mar sin, feumaidh an luchd-ionnsachaidh gluasad aig an astar a fhreagras orra fhèin, agus a dhol thairis air rudan a dh'ionnsaich iad gu cunbhalach. Tha na goireasan **SpeakGaelic** ga dhèanamh comasach don luchd-ionnsachaidh an cuid ionnsachaidh a thoirt air adhart mean air mhean le measgachadh farsaing de ghoireasan. Tha na goireasan teagaisg sùbailte agus tha e an urra ri gach oide no buidheann lìbhrigidh ciamar a lìbhrigeas iad an t-susbaint.

Tha e cudromach a bhith a' bruidhinn air modhan agus ro-innleachdan ionnsachaidh leis an luchd-ionnsachaidh. Bidh modhan ionnsachaidh eadar-dhealaichte a' freagairt air diofar dhaoine, ach cuideachd air diofar sgilean aig diofar amannan tron triall ionnsachaidh. Tha e cudromach gun tuig an luchd-ionnsachaidh gum feum iad diofar ghoireasan a chur gu feum, agus gum feum iad na sgilean air fad aca a leasachadh ann an diofar dhòighean.

Labhairt: Faodaidh luchd-ionnsachaidh na sgilean labhairt aca a leasachadh ann an grunn diofar dhòighean. 'S dòcha gum bi e doirbh dhaibh cothroman a lorg airson na tha aca den chànan a chleachdadh. Tha e cudromach a bhith a' togail dhàimhean le daoine eile leis a' chànan, ach gun a bhith a' gabhail brath orra - chan e neach-teagaisg a th' anns gach neach le Gàidhlig. Faodaidh luchd-ionnsachaidh bruidhinn le guth àrd riutha fhèin gus an cuideachadh le fuaimneachadh agus siùbhlachd. Gheibh sibh beachdan a bharrachd air labhairt eadar-obrachail agus labhairt thairbheach anns a' Chlàr-theagaisg.

Èisteachd: Air sgàth 's gum bi e doirbh cothroman bogaidh a lorg, feumaidh luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a bhith cruthachail agus dìcheallach. 'S e deagh bheachd a th' ann èisteachd ri **BBC Radio nan Gàidheal** agus sùil a thoirt air **BBC ALBA** cho tric 's a ghabhas, fiù 's mura h-eil an luchd-ionnsachaidh a' tuigsinn a h-uile rud a cluinneas iad. Gheibh sibh beachdan a bharrachd air èisteachd fhulangach agus air èisteachd ghnìomhach anns a' Chlàr-theagaisg.

3. Na goireasan a bharrachd | The extra resources

Tha measgachadh de ghoireasan an cois gach **Cuspair** a ghabhas cleachdadh ann an dòighean eadar-dhealaichte, agus a fhreagras air diofar stoidhlean ionnsachaidh agus teagaisg. Thathas a' toirt stiùireadh do dh'oidean air mar a chleachdar na goireasan, ach chan eil an cùrsa a' crochadh air aon fheallsanachd teagaisg a-mhàin. Faodaidh gach oide am modh-teagaisg fhèin a chleachdadh gus na Cuspairean a lìbhrigeadh don luchd-ionnsachaidh aca, 's mathaid gun cuir cuid barrachd cuideim air ath-aithris, cuid air mìneachaidhean dìreach, agus cuid eile air geamannan is cleachdadh, 's msaa.

A - An Duilleag Mìneachaidh: Tha mìneachaidhean air an cumail cho goirid sa ghabhas anns an leasan fhèin, ach faodaidh an t-oide barrachd mìneachaidh a thoirt a-steach a' cleachdadh na Duilleige Mìneachaidh mar a bhios iomchaidh. Gheibhear freagairtean do phuigean gràmair bhon leasan anns an Duilleig Mhìneachaidh.

B - An Duilleag Obrach: Faodaidh an t-oide an Duilleag Obrach a chleachdadh ann an clasaichean no mar obair-dhachaigh. Ma tha tìde anns na clasaichean, no ma tha clasaichean ath-sgrùdaidh gan lìbhrigeadh fa-leth, faodar an Duilleag Obrach a chleachdadh gus puigean cànan a dhaingneachadh. Leis gum faod luchd-ionnsachaidh an Duilleag Obrach a chleachdadh mar obair-dhachaigh, tha freagairtean na cois.

C - An Duilleag Geama: Tha an Duilleag Geama na pàirt mhòr de na leasan. Bheir i cothrom don luchd-ionnsachaidh na puigean cànan is abairtean a dh'ionnsaich iad a chur gu feum. Tha e cudromach gun toir an t-oide air an luchd-ionnsachaidh gluasad mun cuairt san t-seòmar, is iad ag ionnsachadh tro ghnìomh. Tha na geamannan a' toirt cothrom don luchd-ionnsachaidh barrachd cleachdadh fhaighinn gun a bhith a' bruidhinn mun deidhinn fhèin a-mhàin. Faodar na geamannan a chleachdadh air-loidhne cuideachd, le beagan leasachaidh. Gheibhear freagairtean do na geamannan aig nach eil freagairtean air an duilleig fhèin anns an Iùl Oide.

4. A' cleachdadh nan goireasan | Using the resources

Tha an t-uabhas ri lorg anns na goireasan SpeakGaelic aig ìre **B2**, agus gach **Cuspair** loma-làn eacarsaichean, earrannan leughaidh, clàraidhean èisteachd agus puigean gràmair, am measg iomadh rud eile. Tha dà phàirt do gach Cuspair, mar a bha aig ìrean A1 gu B1, agus co-dhiù aon clas a dhìth air gach pàirt. A rèir ciamar a tha an t-oide a' làimhseachadh a' chlas, 's dòcha gum bi iad airson barrachd air dà leasan a dhèanamh air gach pàirt, no 's mathaid gum bi an t-oide airson taghadh a dhèanamh de na rudan anns gach pàirt a tha iad airson dèanamh leis a' chlas.

Blàthachadh suas:

Feumar gach clas tòiseachadh le còmhradh no le ath-aithris air a' chuspair mu dheireadh. Faodar an ro-ràdh a chleachdadh mar dhòigh a bhith a' togail ùidh an luchd-ionnsachaidh anns a' chuspair.

An clas:

Cuimhnich nach fheum an luchd-ionnsachaidh a h-uile abairt no facal ionnsachadh às an leasan. Ach feumaidh an luchd-ionnsachaidh a bhith gnìomhach taobh a-muigh a' chlas a' dol thairis air na structaran is abairtean bhon chùrsa agus a' togail an cuid bhriathrachais. Thoir cothrom dhaibh sa chlas stòras de bhriathrachas a chumail san dòigh as èifeachdaiche dhaibh fhèin - a' cumail leabharan briathrachais no a' cleachdadh an fhaclair. Ma bhios iad ag obair air eacarsaich leughaidh far a bheil briathrachas ùr ann, thoir dhaibh cothrom an fheadhainn a tha cudromach no inntinneach dhaibh a sgrìobhadh anns an stòras bhriathrachais aca. Amannan bidh an luchd-ionnsachaidh ag iarraidh fhaclan nach eil anns a' chùrsa agus faodaidh an t-oide sin a thoirt dhaibh - tha e cudromach gu bheil na tha iad ag ionnsachadh gu feum dhaibh agus buntainneach don t-suidheachadh aca.

An Còmhradh:

Tha ceangal don 'Illustrated Scenario' air **Youtube** ann a bheir cothrom don luchd-ionnsachaidh guthan eile a chluinntinn, mus leugh iad fhèin an còmhradh ann an dithisean no buidhnean. Tha puingeann gràmair san dàrna pàirt den leasan aig amannan air an togail às a' chòmhradh, mar sin tha e cudromach gun leughar is gun cluinnear seo.

Deireadh an leasain:

Thoir sùil air na gnàthasan-cainnte aig deireadh gach leasan agus cuir cuideam air na goireasan ionnsachaidh eile a gheibh an luchd-ionnsachaidh leis gach cuspair. Dh'fhaodadh iad an **Duilleag Mìneachaidh** a leughadh agus eacarsaichean a dhèanamh air an **Duilleig Obrach**. Dh'fhaodadh iad sùil a thoirt air a' phrògram telebhisein, no èisteachd ris a' phod-chraolaidh ceangailte ris a' chuspair. Tha mòran ghoireasan ionnsachaidh a bharrachd rin lorg air-loidhne cuideachd agus feumaidh an luchd-ionnsachaidh a bhith gnìomhach eadar clasaichean airson a bhith soirbheachail aig an ìre seo.

2. Sgoil Bhaltois | Valtos School

1. Bha i cothromach. Bha i math.
2. Airson na sgoile agus airson nan leabhraichean
3. Cha robh. Bha Tormod ag ràdh gun robh an inntinn geur agus fosgailte, agus gun robh iad a' togail na Beurla gun saothair.

7. Cùrsa PhD | PhD course

1. Bileag fiosrachaidh na colaiste no air làraich-lìn na colaiste
2. Sgrìobhadh, anailis agus conaltradh tro mheadhan na Gàidhlig
3. Seachdamh linn deug
4. Aithnichte, freumhaichte, barraichte, clò-bhuailte

Geama 2 - An t-ionnsachadh òg | Young learning

1. Tha clann òg ag ionnsachadh an t-uabhas anns a' chiad dà bhliadhna agus tha gach pàrant ag iarraidh gum bi an nighean no am balach air thoiseach air càch.
2. Tha aon rud ann a tha cinnteach mu dheidhinn an ionnsachaidh òig, agus 's e sin gu bheil a h-uile pàiste a' fàs agus a' tighinn air adhart aig an ìre fhèin.
3. Cha tug am boireannach ionnsaichte ceum a-mach aig ìre for-cheum air sgàth 's gun d' fhuair i cothrom obrach an dèidh dhi an t-oilthigh fhàgail.
4. Bha mi a' frithealadh chlasaichean fad trì bliadhna mus do thuig mi an tuiséal tabhartach gu ceart!
5. 'S e an duilgheadas as motha le mion-chànain agus foghlam, nach eil daoine gu leòr a' bruidhinn a' chànain anns a' chomann-shòisealta agus mar sin dheth, chan fhaigh sgoilearan cothroman gu leòr an cànan a bhruidhinn taobh a-muigh an t-seòmair-sgoile.
6. Cha d' fhuair mòran seann-daoine foghlam tro mheadhan na Gàidhlig sna làithean a dh'fhalbh agus tha sin a' ciallachadh nach eil sgilean leughaidh is sgrìobhaidh aca sa Ghàidhlig.

2. Taigh-tasgaidh an Eilein | The Island Museum

1. Rud no dhà a bhuineadh do dh'Fhionnghal NicDhòmhnaill, cuach baistidh [a bh' ann am fìor sheann eaglais anns an Eilean Sgitheanach] agus cupa comanachaidh [a bh' ann an Eaglais an Trumpain]
2. Chaidh an eaglais na teine ann am meadhan an t-siathamh linn deug.
3. Seann chaitheamh-beatha agus seann ghnothaichean

4. Rè an t-samhraidh | During the summer

CHUN	na h-aibhne	nan gàrraidhean	an taighe-thasgaidh	na Ceàrnaige	na lota
RÈ	a' ghlasaidh-shluaigh	an t-samhraidh	a' gheamhraidh	nam mìosan	
FAR	pàirc nan càraichean	an rathaid			

2. Air a' chroit | On the croft

1. an teine a thogail (1), cupa tì a ghabhail (2), a dhol a-mach dhan bhàthaich (3), fodradh nam beòthaichean (4), biadhadh beòthach-eich sa gheamhradh (5), bleoghann nam beòthaichean (6)
2. Bhiodh iad a' smàladh an teine air an oidhche, a' cur fòidean a-staigh fon an rud agus sa mhadainn bha e beò. Cha robh aca ach a chur na chèile agus bha e suas.
3. Na caoraich.
4. Deagh bhainne - bha e cho tiugh. Dhèanadh aon drùdhag an tì dheth.

3. Fhuaradh taic | Help was gotten

1. An do bhruidhneadh a' Ghàidhlig no a' Bheurla air croitean?
2. An do thogadh mòran taighean air an dùthaich?
3. An do rinneadh casan-croma à fiodh agus iarann?
4. An d' fhuaradh toradh math bhon talamh?

4. A' chas-chrom | The Highland spade

1. don > dhan | ri ùine > rè ùine | thubhairt > thuirt
2. carbad-treabhaidh
3. Cha treabh an t-uidheam is cha bhi toradh na dhèidh coltach ri treabhadh nan each.
4. an obair a rinn an carbad-treabhaidh a dh'fhasdaich an gobha. Tha e a' ciallachadh gun robh an talamh air a sgriosadh an dèidh na h-obrach.

1. Chuala na fir èigheach fhad 's a bha am bàta a' dol fodha.
2. Nuair a thèid sinn dhan t-seòmar, chì sinn an cat fon chathair.
3. Bha am fearann faisg orm fo chaoraich as t-earrach am-bliadhna.
4. Tha tighinn fodham a dhol air cuairt timcheall an t-saoghail.
5. Dhùisg a' chlann fo mhadainn air a' chiad là den bhliadhna sgoile.

Geama 1 - Cò a' chiall a tha ceart | Call my Bluff

FACAL	A' CHIALL CHEART
soc	'S e pàirt de chrann-treabhaidh a tha seo agus b' e seo a' phàirt a bhiodh a' gearradh na talmhainn. <i>plough-sock</i>
tairsgeir	'S e seòrsa spaid a tha seo. Bhiodh daoine ga chleachdadh airson mòine a bhuain. <i>peat spade</i>
pleadhan	'S e uidheam a tha seo a bhiodh daoine a' cleachdadh gus tuill a dhèanamh anns an talamh. Chuireadh iad sìol anns na tuill sin. <i>dibble</i>
maide-froisidh	'S e uidheam a tha seo a bhiodh daoine a' cleachdadh gus gràn a dhealachadh bhon chochall. <i>flail</i>
ceaba	'S e pàirt de spaid a bha air a dhèanamh le iarann. Ann an Ìle 's e seo an t-ainm a bh' air seòrsa de spaid a bh' aca uair. <i>iron part of a spade / old-fashioned spade in Islay</i>
deamhas	Chleachdadh daoine an t-uidheam seo gus caoraich a rusgadh. <i>shears</i>

1. Sòisealtas | Society

1. A bheil e laghail no mì-laghail a bhith ag òl deoch-làidir ann am pàirc far a bheil thusa a' fuireach?
2. A bheil thu dòchasach no eu-dòchasach mun t-suidheachadh phoilitigeach anns an dùthaich agad fhèin an-dràsta?
3. Dè na buannachdan no na h-eas-bhuannachdan mun obair agad fhèin?

2. Sgìre a' Chnuic Dhuibh | Blackhill

1. 'S e àite salach eucorach a bh' ann.
2. Bha aon sreath bhùithtean ann le sia bùithtean anns an t-sreath sin.
3. Bha na taighean math. Cha robh dad ceàrr orra.

eucorach / -ich | criminal(s)


mèirleach / -ich | thief (thieves)

3. Eucoir agus an lagh | Crime and the law

1. 'S e an neach fhèin as coireach airson eucoir a rèir *individualists*.
2. Mholadh *collectivists* sùil a thoirt air na h-adhbharan a tha air cùlaibh na h-eucorach.

FEUM

1. Feumar smaoineachadh mun àite a th' againn sa choimhearsnachd.
2. ...ach feumar leudachadh agus leasachadh, air neo cha bhi ionad ann.
3. Feumaidh mi plana-gnìomha a chur ri chèile.
4. Chan fheumar ach aona neach a lorg.



Chan fhaodar smocadh an seo.
Feumar crios-glèidhidh a chur ort / a chleachdadh.



Feumar stad.
Chan fhaodar a dhol dhan taobh cheart.
Chan fhaodar a dhol air adhart gu dìreach.



Chan fhaodar coin a thoirt ann.
Chan fhaodar rothair a chleachdadh an seo.
Chan fhaodar bòrd-spèilidh a chleachdadh an seo.

Geama 1 - Farpais Cheist | Quiz

Tha na freagairtean dhan gheama seo ann an **Geama 2 - Nam bheachd fhèin** co-dhiù ach seo iad a-rithist an seo.

1c. 2,400,000

2a. Còrr is 100%

3b. 14%

4c. Còrr is 50%

5a. 60%

6c. 16.1% thar na RA gu lèir agus 9.6% ann an Alba

2. Tha taighean gan togail | Houses are being built

- Bha taighean ùra gan togail an uair sin...
- Tha barrachd fhàlataichean is thaighean gan togail.

Geama 1 - B' fheudar an togail | They had to be built

NA SEANTANSAN

1. Tha an sgìre gnìomhachais ùr air iomall a' bhaile-mhòir oir tha an talamh nas saoire ann agus faodar factaraidhean a thogail. Faodar an togail le maoinachadh bhon riaghaltas.
2. Tha mòr-rathaidean ga dhèanamh furasta do luchd-ceannachd faighinn gu ionadan-bhùithtean taobh a-muigh a' bhaile-mhòir.
3. 'S e buaidh nan leasachaidhean ùra gu bheil talamh àiteachais agus àrainnean fiadh-bheatha gan call.
4. Tha Tokyo air a thogail air an earrainn as motha de dh'fhearann còmhnaidh ann an Iapan agus tha còrr is 13 millean neach an-diugh a' fuireach taobh a-staigh crìochan a' bhaile-mhòir.
5. Dh'fhaodte gun do thòisich gnothachas ann an sgìre air sgàth deagh cheanglaichean còmhdaidh agus bhiodh iad seo na chuideachadh ann a bhith a' faighinn bathar a-mach 's a-steach.
6. Tha càraichean air am bacadh bho sgìrean sònraichte agus tha sin a' lìonadh nan sràidean a tha faisg air làimh.
7. Chan urrainn do bhùithtean nas lugha, leithid bhùithtean bùidseir no bùithtean èisg, co-fharpais a dhèanamh leis na h-ionadan-bhùithtean mòra agus b' fheudar an dùnadh.

2. Abair droch naidheachd | What bad news

Tha mi duilich do naidheachd-sa a chluinntinn. | I'm sorry to hear your news.

Abair droch naidheachd. | What bad news

'S bochd an naidheachd sin. | That news is sad.

'S duilich leam sin a chluinntinn. | I'm sorry to hear that.

4. Cleachdaidhean bàis | Death rituals

1. Air latha an tiodhlacaidh
2. Daoine sònraichte
3. A bhith a' dol timcheall mar a tha a' ghrian a' dol. | A bhith a' dol chun na làimhe deis

1. Bha a' chiste a' dol a-steach dhan taigh.
2. Bha am pìobaire a' tòiseachadh.
3. Bhite a' cur an duine anns a' chiste.
4. Bha iad a' cur na ciste air a' chrò-leaba.
5. Rachadh iad deiseil air an taigh.

7. Air a bheil | On whom

pròiseil à | proud of

moiteil à | proud of

cuimhne aig + air | have a memory of

meas aig + air | have respect for, regard

dèidheil air | fond of

sgeul air | news of

4. M' obair-sa | My work

1. Dè an obair a b' fheàrr a bh' agadsa a-riamh roimhe?
2. Dè an rud as fheàrr mun obair agadsa? / Dè an rud as fheàrr mu d' obair-sa?
3. An deach d' fhasdadh-sa a-riamh airson obair nach robh thu ag iarraidh?
4. An toil leat an t-àite-obrach agadsa agus na co-obraichean agadsa?
An toil leat d' àite-obrach-sa agus do cho-obraichean-sa?
5. Ciamar a bhios tu a' siubhal dhan obair agadsa?
Ciamar a bhios tu a' siubhal dha d' obair-sa?

Còmhraidh

- | | |
|-------------------------------------|---|
| 1. There will be duties to fulfill. | Bidh dleastanasan rin coileanadh. |
| 2. My mother has pills to take. | Tha pilichean aig mo mhàthair ri ghabhail. |
| 3. There are accounts to prepare. | Tha cunntasan rin deasachadh... |
| 4. The taxman to pay. | ... bodach nan cìsean ri phàigheadh |

6. Sguir dheth! | Stop it!

1. Am bi thu a' stad ann am Peairt nuair a bhios tu a' dràibheadh a dh'Inbhir Nis?
2. An do sguir thu a dh'obair a-riamh?
3. An do dh'iarr thu a-riamh air cuideigin obair a thoirt dhut?
4. Am faighnich thu ceist mun leasan seo?

1. Eacarsaich | Exercise

1. Tha mi air **grunn(an)** / **deannan** / **mòran** / **meall** / **dòrlach** leabhraichean a cheannach anns a' bhùth sin.
2. Thug athair **meall** / **dòrlach** / **mòran** airgid dha nuair a chaidh e dhan bhaile-mhòr.
3. Chuir i seachad **iomadh** bliadhna anns an dùthaich sin, ach cha do chòrd e rithe.
4. Leugh mi **iomadh** / **a h-uile** / **gach** duilleag anns an leabhar sin, ach cha do thuig mi facal sam bith!
5. Tha mi an dòchas gun reic am fear **mòran** / **grunn(an)** / **deannan** bheòthaichean aig an fhèill reic.

2. Carachd | Wrestling

1. Eairdsidh Dhòmhnaill Iain Maoir
2. Bha e na shaor agus na chroitear. Bha a bhràthair Ailean na shaor cuideachd.

5. Mar as luaithe... | The faster...

Seonag: Mar as trice a nì thu iòga, 's ann as sùbailte a dh'fhàsas tu.

1. The thinner, the better. | **Mar as taine, 's ann as fheàrr.**
2. The more petrol we have, the further we will go. | **Mar as motha de pheatrail / chonnadh a th' againn, 's ann as fhaide a thèid sinn.**



Cailean Caimbeul



Kerry agus Kirsty
Nic a' Phì



Kara Hanlon



Calum
Fearghasdan

6.

'S fheàrr dhut tòiseachadh | You'd better start

1. B' fheàrr dhut barrachd eacarsaich a dhèanamh aig an taigh.
2. B' fhiach e spòrs ùr a thòiseachadh.
3. B' fheudar dhomh cuideam a chall. Dh'innis an dotair dhomh gu bheil mi mì-fhallain.

Geama 1 - Fiot is foghainteach | Fit and strong

NA SEANTANSAN

1. Tha buaidh na camanachd a' sìneadh a-mach bhon gheama agus bho spòrs a-mhàin agus, air adhbharan dualchais agus traidiseanan, tha e fhathast na phàirt chudromach de shaoghal culturail agus sòisealta iomadach coimhearsnachd ann an Alba.
2. Tha grunn chluicheadairean ball-coise proifeiseanta, leithid Dhòmhnaill Park agus Dhonnchaidh Shearer às a' Ghearasdan, gu math moiteil à saoghal na camanachd agus an ceangal fhèin ris.
3. Tha daoine gu math ainmeil ann an saoghal nan ealan, leithid Billy Connolly, air a ràdh gum bu chòir camanachd aithneachadh mar spòrs nàiseanta na h-Alba.
4. Feumar còraichean na camanachd a bhuinnig ach an seas i air a casan fhèin leis nach eil còraichean spòrs air an aithneachadh leis an UN mar tè de chòraichean a' chinne-daonna.
5. 'S ann fada agus riaslach a tha slighe na camanachd air a bhith mar spòrs stèidhichte bhon a bha an geama a' stri ri tighinn-beò anns na glinn agus air na monaidhean is cladaichean air feadh na Gàidhealtachd agus nas fhaide air falbh na sin.

1. Aoigheachd | Hospitality

a' dol a chèilidh air cuideigin | going to visit someone
Feumaidh tu cèilidh a chumail | You need to have a gathering.
Tha e math d' fhaicinn. | It's good to see you.

4. Às m' aonais | Without me

1. A bheil gàrradh mòr brèagha air cùlaibh **an taighe agaibh?**
2. An do chaill thu rud sam bith air cùlaibh **nam preasan** a-riamh?
3. Cha dèan thu brochan às aonais **an t-salainn**, an dèan?
4. An rachadh tu dhan Chuimrigh às aonais **a' chàir agad?**

1. Would you go to a party without me? | **An rachadh tu gu partaidh as m' aonais?**
2. Who is sitting in the seat behind you? | **Cò tha nan suidhe san t-suidheachan / san t-sèithear air do chùlaibh?**

7. Thig a chèilidh! | Come for a visit!

1. **A bheil thu a' dol** air ais a chadal an dèidh a' chlas?
Are you going back to sleep after the class?
Am bi thu a' dol / An tèid thu air ais a chadal an dèidh a' chlas?
2. **A bheil thu a' tighinn** a chèilidh orm an-ath-sheachdain?
Are you coming to visit me next week?
Am bi thu a' tighinn / An tig thu a chèilidh orm an-ath-sheachdain?

1. An deach thu a **chèilidh** air do theaghlach aig an Nollaig an-uiridh?
2. An tèid thu a **shnàmh** | **sheòladh** anns a' mhuir as t-samhradh an-ath-bhliadhna?
3. An rachadh tu a **sgitheadh** | **choiseachd** | **shreap** ann am beanntan nan Alpannan sa gheamhradh?

Geama 1 - Cò a' chiall a tha ceart | Call my Bluff

FACAL	A' CHIALL CHEART
treibhdhireach	Ma tha cuideigin trèibhdhireach, tha iad onarach agus cha bhi iad ag innse bhreugan. <i>honest, sincere</i>
iochd	Ma sheallas neach iochd ri cuideigin, tha iad a' dèanamh tròcair orra. <i>mercy, compassion</i>
dabhdail	Bidh thu a' dabhdail mun cuairt àite ma tha thu ann gun amas. <i>dawdle, sauntering</i>
hù-pàp / ùb-àb	Ma tha seòmar no taigh na hù-pàp, tha e na bhùrach, tha e robach. <i>hubbub, mess</i>
flathail	Rudeigin coltach ri ròghail no urramach, chanadh tu seo mu phrionnsa. <i>gallant, princely, noble</i>
sainnseal	'S e tiodhlac a bha seo a bhiodh daoine a' toirt seachad aig a' Bhliadhn' Ùir. <i>a gift given at New Year, a handsel</i>

2. Bhite an dùil | It would be expected

Phàighte barrachd chìsean le daoine beartach nan cuirte cìs talmhainn an gnìomh ann an Alba. | More taxes would be paid by rich people if land taxes were introduced in Scotland.

Bhite an dùil gun tuiteadh ìre na h-atmhorachd nam biodh Breatainn air ais san Aonadh Eòrpach. | It would be expected that the inflation rate would fall if Britain were back in the European Union.

1. Bhite an dùil gun cuireadh iad ìre na h-atmhorachd suas air a' mhìos seo.
2. Phàighte cìsean na b' àirde nam biodh an siostam na bu shìmplidhe.
3. Cha robhar an dùil gun tuiteadh ìre na h-atmhorachd ron Nollaig.
4. Thathar an dùil gum bruidhinn Rùnaire an Ionmhais sa Phàrlamaid an-diugh.

4. Riadh | Interest

1. Tha cus airgid aig a' mhòr-shluagh ga chleachdadh anns na bùithtean a' ceannach bathar. Nuair a tha tuilleadh airgid a' sireadh bathar, barrachd bathair na tha air a' mhargaid, tha prìsean a' dol suas agus tha cosgais a' dol suas.
2. Chan eil. Tha e a' saòilsinn nach eil an t-àrdachadh seo cothromach don fheadhainn aig nach eil càil idir.

1. ..., carson a tha sinn a' pàigheadh barrachd **rèidh**, ...?
2. tha sin a' toirt droch bhuaidh air eaconamaidh **na** rìoghachd, eaconamaidh **na** rìoghachd a' fàs ro luath.
3. ...tha iad a' call a-mach agus chan eil sin gu math **na h**-eaconamaidh, a bheil?

1. Bha an teaghlach **gann de** dh'airgead gus an do bhuannaich iad an crannchur.
2. Cha b' urrainn dhomh gluasad leis **an uimhir de** dhaoine a bha an làthair.
3. Chualas air na naidheachdan gu bheil uisge **gann** san sgìre.
4. Tha **gainnead** bìdh san dùthaich air sgàth a' chogaidh.
5. Thathas **an dùil** gun cuirear ìrean rèidh suas aig deireadh na mìos.
6. Tha an luchd-obrach, a bha air stailc, **a' gabhail ri** àrdachadh pàighidh.

1. Chan eil. Tha Ruairidh MacIlleathan den bheachd gu bheil uiread de dh'fhuaimean ann an Gàidhlig a tha rud beag eadar-dhealaichte o chèile.
2. Air sgàth 's gun robh An Fhèinn air a bhith marbh timcheall air dà mhìle bliadhna aig an àm a thuirt Iain McCodrum seo agus bha e ag ràdh nach robh feum sam bith ann dha a bhith ag iarraidh an airgid air ais a-nis.
3. Cha robh Seumas MacMhuirich toilichte idir leis an dol a-mach aig Iain. Thug e an còmhradh gu crìch agus dh'fhalbh e ann an cabhag.

1. Bha iad a' bruidhinn air **an airgead mhòr** a chosg iad am-bliadhna.
2. Cha ghabhadh meud **na càine ùire** creidsinn!
3. Fhuair sinn **iomlaid mhath** air an airgead airson nan saor-làithean.
4. Bha mi toilichte le riadh **a' chunntais ùir** a dh'fhosgail mi.
5. Tha luach **an airgid Eòrpaich** air a dhol suas gu mòr.
6. Fhuair sinn deich not far **na prìse matha** sa bhùth.

Geama 1 - Lorg cuideigin... | Find someone...

LORG CUIDEIGIN...	NA CEISTEAN
1. ... who buys something online every month.	An ceannaich thu rud sam bith air-loidhne gach mìos?
2. ... who would like to retire or who has retired young.	Am bu mhiann leat do dhreuchd a leigeil dhìot aig aois òg? An do leig thu dhìot do dhreuchd aig aois òg?
3. ... who still has a big mortgage to pay off.	A bheil morgaids mhòr agad ri phàigheadh fhathast?
4. ... who used a cash machine last week.	An do chleachd thu inneal banca air an t-seachdain seo chaidh?
5. ... who likes to pay for things with cash instead of a card.	An toil leat a bhith a' pàigheadh le airgead seach le cairt?
6. ... who bought an expensive item recently.	An do cheannaich thu rud sam bith daor / cosgail o chionn ghoirid?
7. ... who thinks the cost of living is too high at the moment.	A bheil thu den bheachd gu bheil cosgaisean bith-beò ro àrd an-dràsta?
8. ... needs to buy a new house or a new car this year.	Am feum thu taigh ùr no càr ùr a cheannach am-bliadhna?
9. ... who was paid too much money at work and had to pay it back.	An deach cus airgid a phàigheadh dhut le d' obair a-riamh a b' fheudar dhut a phàigheadh air ais?
10. ... who gets paid at the end of every month.	An tèid do phàigheadh aig deireadh gach mìos? / Am bi thu air do phàigheadh aig deireadh gach mìos?

7. Achd an Aonaidh | The Act of Union

1. Bha seo a' ciallachadh, aon uair 's gum biodh an Rìgh Uilleam marbh, agus a nighean Anna às a dhèidh, gur e teaghlach Hanòbhar a thigeadh a-steach mar rìghean air Sasainn, agus bha na Sasannaich den bheachd gum biodh na h-Albannaich toilichte gu leòr an eisimpleir a leantail anns an dòigh sin.
2. Cha robh. Bha iad gu tur an aghaidh miann an riaghaltais shìos ann an Sasainn. Bha na h-Albannaich a' faireachdainn gun robh iad air an iomall agus nach robh an ceangal eadar Alba agus Sasainn ag obrachadh mar a bha e.
3. Chuir iad troimhe achdan a bha a' ciallachadh nach robh iad deònach a ràdh le cinnt sam bith gun robh iad a' dol a leantail Pàrlamaid Shasainn ann a bhith a' tabhann a' chrùn gu teaghlach Hanòbhar idir.
4. Bha cogadh eadar Sasainn agus an Fhraing air tìr-mòr na Roinn Eòrpa agus cha robh Riaghaltas Shasainn ag iarraidh gum biodh crìoch Shasainn air a' cheann a tuath fosgailte air dhòigh sam bith. Bha iad a' smaoineachadh gum biodh cunnart ann nan rachadh na h-Albannaich agus na Fraingich an lùib a chèile.
5. Thòisich an iomairt gus Alba agus Sasainn a thoirt còmhla ri chèile, chan e a-mhàin fo aon bhratach, ach fo aon Phàrlamaid.

1. Feumar cuimhneachadh...
2. Nan d' rachadh na h-Albannaich agus na Fraingich an lùib a chèile...
3. Nan rachadh / Nan deigheadh

1. Leigheas | Medicine

1. Cha mhòr nach robh iad air am **meileachadh** leis an fhuachd.
2. An dèidh dha a bhith na shuidhe fad greisidh, bha **cadal-deilgneach** dona na chas.
3. Nuair a dh'ith Màiri cus feòla air an fheasgar, thàinig **losgadh bràghad** oirre.
4. Ma dh'fhulangas tu le **tinneas sìor-bhuan**, bidh duilgheadasan agad fad do bheatha.
5. Chaidh cailleachan agus bodaich le **seargadh-inntinne** fhàgail ann an dachaighean-chùraim tro Chobhid gun fhios a bhith aca dè bha a' tachairt san t-saoghal.
6. Thàinig **tinneas an t-siùcair** air an dèidh dha biadh mì-fhallain ithe fad a bheatha.
7. Nuair a thàinig **breisleach** orm, mura bithinn air taic fhaighinn bho shrainnsear a bha faisg orm, bhithinn air tuiteam air a' chabhsair.
8. Rinn an doctair deuchainn nuair a mhothaich i gun robh **brùthadh-fala** àrd air.
9. Bidh troimh-a-chèile eadar **greim-cridhe** agus **clisgeadh-cridhe**, dà thinneas a bhios a' bualadh air a' bhall-bhodhaig as cudromaiche.

2. Chaidh cràdh troimhe | Pain went through him

1. **Chaidh e trom cheann.** | It went through my head.
2. **An tèid a' phian trod ghluìn ma ghluaiseas mi do chas?** | Does the pain go through your knee if I move your leg?

3. Leigheas air siatag | Cure for sciatica

1. Bha am ballan fosgailte na bhroinn, agus bha an dàrna ceann dheth sin air a chur air an dearbh bhad dhen bhodhaig air an robh an cràdh, 's an ceann eile aig an duine na bheul, agus bha e a' deacadh troimhe.
2. Cha b' urrainn. Bha feadhainn ann a bha sònraichte math air, ach cha robh e aig a h-uile duine idir.

'S e maide a bh' anns a' bhallan, no lorg, agus bha e fosgailte na bhroinn, agus bha an dàrna ceann dheth sin air a chur air an dearbh bhad dhen bhodhaig air an robh an cràdh, 's an ceann eile aig an duine na bheul...

lorg *f*, **lorgan** *pl*, **luirge** *gen* | staff, shaft, stalk **ballan** *m*, **-ain** *pl/gen* | wooden stick or vessel

6. A' dol am feabhas | Getting better

1. Thèid na h-oidhcheannan an duibhead aig an àm seo den bhliadhna.
2. Chaidh a ghlùin am mothad an dèidh dha a goirteachadh.
3. Tha mo bhrù a' dol an lughad a chionn 's gu bheil mi air daithhead.

8. Ciamar a tha a' dol dhut? | How's it going?

1. Bidh mo mhàthair fada nas fheàrr an dèidh dhi cruachann ùr fhaighinn.
2. Dè rinn thu an dèidh dhut tuiteam?
3. An d' fhuair thu obair an dèidh dhut ceumnachadh?

Geama 1 - Farpais Cheist | Quiz

Tha na freagairtean dhan gheama seo ann an **Geama 2 - Fìrinn nam Freagairtean** co-dhiù ach seo iad a-rithist an seo.

1a. An t-Oll. Alfred Cuschieri
2b. Uilleam Gregory
3c. Daibhidh Gow

4a. An t-Oll. Iain Mallard
5c. copag
6c. penicillin

2. Fèis Bharraigh | The Barra Festival

1. 'S ann a chionn cho beag ceòl 's a bha san eilean a chaidh a cur air chois an toiseach.
2. Thuirt iad air fad gun dèanadh iad e, a chionn 's gun robh iad a' faicinn gur e deagh rud a bh' ann, agus gun robh feum mòr air rudan mar sin anns an eilean.
3. Bha an fhèis airson na cloinne, ach 's e luchd-teagaisg a bu mhotha a bha mun cuairt air a' chiad fhèis.
4. Cha robh. Bha iad gu math riaslach air a' chiad latha agus cha robh duine aca buileach cinnteach dè bha iad a' dol a dhèanamh leis a' chloinn.
5. Rinn iad co-dhùnadh nach fhaodadh iad an rud fhàgail eadhon airson aon bhliadhna gus an tigeadh an ath fhèis agus gun cuireadh iad clasaichean air dòigh air feadh a' gheamhraidh.

6. Nach math fhaicinn... | Isn't it good to see...

1. Is math a chluinntinn gu bheil ùidh aige ann an òrain Ghàidhlig.
2. Is urrainn dhomh fhaicinn nach eil iad deiseil airson tòiseachadh.
3. 'S e Cànan nan Gàidheal an t-òran a tha mise airson a chluinntinn.
4. Is urrainn dhomh èisteachd ris an t-seinn às a seo.
5. Chan e seo a' phuing gràmair a bhios mise a' cuimhneachadh.
6. Tha mise ag iarraidh coimhead air an telebhisean a-nis.

2. Club Ball-coise Nis | Ness Football Club

1. Tha tòrr den airgead a tha thu a' cur a-steach a' tighinn air ais dhan choimhearsnachd ann an dòighean eadar-dhealaichte.
2. Cheannaich iad telebhisean dathte 'colour television' do Chlub Ball-coise Nis.
3. Thòisich iad a' buain na mòna airson a reic do dhaoine a bha feumach air mòine air a buain dhaibh, mar sheann-daoine.

3. Seòrsa choimhearsnachdan | Types of communities

1. 'S e coimhearsnachd chàirdeil a th' innte. | It's a friendly community.
2. An e togalach mòr brèagha a th' ann? | Is it a beautiful big building?
3. Chan e daoine laghach a th' annta. | They aren't kind people.

1. 'S e sgoil ionadail mhath a th' innte.
2. Nach e tràighean iongantach a th' annta?
3. An e eaglais bheag bhrèagha a th' innte?
4. Chan e baile mòr trang a th' ann.
5. 'S e craobhan àrda uaine a th' annta.

4. Nithear deagh bhrot | Good soup will be made

Seonag: Nithear deagh bhrot leotha.

Seonag: Chan fhaicear air a' chlàr-bhìdh agamsa ach "ith e no fàg e!"

Seonag: Cluinnear "a' choimhearsnachd siud 's a' choimhearsnachd seo"...

Seonag: **Chainte** gun robh an sgoil aig cridhe na coimhearsnachd, ...
Seonag: Uill, **chithear** ceàrnaidhean a tha mar bhailtean beaga am broinn baile-mòr.

Seonag: Nì sinn deagh bhrot leotha.
Seonag: **Chan fhaic thu** air a' chlàr-bhìdh agamsa ach "ith e no fàg e!"
Seonag: **Cluinnidh tu** "a' choimhearsnachd siud 's a' choimhearsnachd seo" ...
Seonag: **Chanadh daoine** gun robh an sgoil aig cridhe na coimhearsnachd, ...
Seonag: Uill, **chì thu** ceàrnaidhean a tha mar bhailtean beaga am broinn baile-mòr.

1. maitheas

2. frithealadh

3. tlachdmhor

6. Coimhearsnachd air-loidhne | Online Community

glasadh-sluaigh *m* | lockdown
a' dìon fhèin | shielding

galar mòr-sgaoilte | pandemic
(thig) gu buil | (come) to fruition

1. Fànas | Space

1. An toil leat sùil a thoirt air an iarmailt air an oidhche?
2. An aithne dhut na reul-bhadan? Cò an fheadhainn as aithne dhut?
3. Am faca tu a-riamh Na Fir-chlis? Cuine agus càite?

5. Na rionnagan | The stars

1. Cha robhar. Bhathar a' creidsinn gum b' e droch chomharra a bh' ann an dreag.
2. Dreag - 'meteor', 's e sgudal, clachan is eile, a th' ann an dreagan a bh' air fhàgail nuair a chaidh planaidean a chruthachadh.
Rionnag-earbaill - 'shooting star', solas anns an adhar, 's e dreag a tha seo a tha a' tighinn a-steach do dh'àile na planaide agus a tha ga losgadh leis, a' cruthachadh 'earball'.
Reul-chearbach / Reultan-cearbach - 'comet', dust mìn agus deigh a tha a' dèanamh cearcall mun ghrèin
3. Chitheadh tu mìltean de dh'astar le Gealach a' bhrùic bhuidhe.
4. Chanadh daoine 'siud agaibh a' ghealach ùr, rìgh nan Dùl gad bheannachadh'.

Geama 1 - Cò a' chiall a tha ceart | Call my Bluff

FACAL	A' CHIALL CHEART
iom-tharraing	Seo an cumhachd a bhios gar cumail air an talamh. <i>gravity</i>
aiseal	'S e loidhne dho-fhaicsinneach a tha seo mu thimcheall am bi planaidean agus rionnagan a' gluasad. <i>Dealg air a bheil ruidhil no cuspair cruinn air bith a' roladh.</i> <i>[Am mìneachadh seo air a thogail bho Gaelic Astronomy le D. M. Connell]</i> <i>axis</i>
contraigh	Seo an t-àm den mhìos nuair nach eil diofar mòr eadar muir-làn agus muir-tràghad. <i>neap-tide</i>
tearc	Nuair nach eil mòran de rudeigin ann, tha e no i tearc. 'S ann ainneamh a chì thu rud a tha tearc. <i>rare, scarce</i>
co-fhad-thràth	Seo an t-àm den bhliadhna nuair a bhios a' ghrian gu dìreach os cionn a' chrios-mheadhain. Tacraidh seo dà thuras gach bliadhna. <i>Dà àm sa bhliadhna anns a bheil an latha agus an oidhche an aon fhad.</i> <i>[Am mìneachadh seo air a thogail bho Gaelic Astronomy le D. M. Connell]</i> <i>equinox</i>
caileadair	Seo ainm eile air cuideigin a bhios a' sealltainn air na rionnagan agus air an fhànas, feallsanaiche <i>traditional weather forecaster, stargazer, philosopher</i>

1. Litreachas na Gàidhlig | Gaelic Literature

1. Ogham
2. Bha e sgrìobhte air clach.
3. Leabhar Dhèir

4. Ùghdaran Gàidhlig | Gaelic Authors

1. Chòrdadh / cha chòrdadh. [*Freagairtean pearsanta aig an luchd-ionnsachaidh.*]
2. Beachd an luchd-ionnsachaidh ach a rèir na thuirt Tormod 's e sgeulachd mu thriantan gaoil air choreigin a th' innte le rudeigin eagallach ann cuideachd.
3. Cha robh. Cha robh e ag iarraidh gun tigeadh Ealasaid còmhla ris.

5. Stoidhle sgrìobhaidh | Writing Style

1. Tha Earrann a h-Aon uabhasach foirmeil le cànan a tha neo-phearsanta agus rèim-chainnte a tha aig àrd-ìre. Chithear an guth fulangach ann agus cànan foirmeil: "*Gheibhear a' chiad iomradh air anns a' chunntas a chaidh a sgrìobhadh...*"
Tha an stoidhle sgrìobhaidh ann an Earrann a Dhà neo-fhoirmeil le abairtean gnàthasach agus stoidhle labhairteach: "*Bha Ludovic 'na chabhaig...*" "*S ann ort a chaidh an sàbhaladh!*"
2. Leughadh tu earrann 1 ann an leabhar neo-fhicsean a tha làn fiosrachaidh.
Leughadh tu earrann 2 ann an ùr-sgeul no nobhail.

3. Chleachd an t-ùghdar an guth fulangach gu tric ann an Earrann 1: *"Feumar a dhol air ais mòran bhliadhnaichean gus sealladh fhaighinn air cor nan daoine sin..."* agus *"Chaidh a roinn 'na leth-cheud croit is a h-ochd."* Chithear cuideam air cuid de na pìosan fiosrachaidh a thog an t-ùghdar: *"...ach cha b' ann gun strì agus ùpraid fad bhliadhnaichean roimhe seo a fhuair na daoine a bha ag iarraidh fearann ann am Bhatarsaigh."*

Chleachd ùghdar Earrainn a Dhà structaran neo-fhoirmeil agus seantansan goirid le cànan beòthail, cruthachail: *"Bha Ludovic 'na chabhaig, agus aithreachas air."* *"Thiormaich e e fhèin mar a b' fheàrr a b' urrainn dha le badan feòir agus dhìrich e chun an rathaid."* Tha an abairt *"le badan feòir"* a' cur dealbh no ìomhaigh nad cheann.

4. Càraid no bràmairean / màthair agus mac 's dòcha. Tha an dàimh dlùth, ach tha coltas ann nach bi Ludovic ag èisteachd gu dlùth ri Màiri Anna. Cha mhòr nach deach a bhàthadh ged a dh'innis i dha a bhith air ais na bu thràithe. Tha e a' rothaireachd aig astar agus tha an seantas mu dheireadh ag innse dhuinn: *"Shaoil e gun dèanadh e an Tobhta dheth ann an trì cairteil na h-uaireach mus biodh cus uallaich air Màiri Anna."* Agus tha e soilleir dhuinn nach robh Ludovic airson cus uallaich a chur air Màiri Anna.

Geama 1 - Fichead Ceist | 20 Questions

- | | |
|---------------------------------------|---|
| 1. Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir | 14. Hiort |
| 2. naoi bliadhna a dh'aois | 15. leth-fhacal |
| 3. Comhairle nan Leabhraichean | 16. 'S e na rudan a bhios daoine a' leughadh a th' ann an litreachas. |
| 4. Aonghas agus Alasdair | Tha litearrachd a' ciallachadh |
| 5. Iain Mac a' Ghobhainn | a' chomais a th' aig daoine ann an |
| 6. Tormod MacGill-Eain | sgrìobhadh agus leughadh. |
| 7. Baile a chaidh fhuadachadh | 17. Ogham |
| 8. stocainnean | 18. Corra-litir |
| 9. Na Stocainnean | 19. Dùn-Àluinn - nochd e ann an clò ann an 1912 |
| 10. geàrr-chunntas agus lèirmheas | 20. Aonghas Pàdraig Caimbeul |
| 11. 1838 | |
| 12. 1908 | |
| 13. Bha a' mhuir a' tighinn a-steach. | |

4. An rud a bu mhotha | The biggest thing

1. B' e sgeulachdan mu bhòcain is mu thaibhsean a bu mhotha a bhiodh aige.
2. Bha cuid a sheanchaidhean a bha ainmeil sna làithean a dh'aom agus bha spèis aig daoine dhaibh - sin an fheadhainn a b' fheàrr.
3. 'S e oidhche mhòr a bhiodh ann san dachaigh againne nuair a thigeadh Dòmhnall a' Ghobha air chèilidh - sin an seanchaidh a b' fheàrr leamsa.
4. Bha a' chuid a bu mhotha mun dà-shealladh 's mu mhanaidhean..
5. Cha robh guth air seanchaidh nuair a bha mise na b' òige.
6. Aon den fheadhainn a b' fheàrr leamsa 's e seachas muinntir nan ròn.
7. Cò a dh'aithnicheas sinn a bhiodh math airson "Oidhche nan Seanchaidhean", cò a bu choltaiche?

5. Tòimhseachain | Riddles

- | | |
|--------------------|----------|
| 1. D' athair fhèin | 3. Doras |
| 2. Anail | 4. Litir |
-
- | | |
|--------------|-----------------|
| 1. A' ghrian | 2. A mhac fhèin |
|--------------|-----------------|

Geama 2 - Farpais Cheist | Quiz

- | | |
|--|-------------------------------|
| 1a. Sears Tower (also called Willis Tower) | 4b. 38 bliadhna & 3 latha |
| 2c. Capt. Tom Moore | 5b. ochd troighean 11 òirlich |
| 3a. Rudyard Kipling | 6c. 122 bliadhna a dh'aois |

1. Craoladh | Broadcasting

1923 - Chaidh a' chiad chraoladh Gàidhlig a-mach air rèidio a' BhBC.

1960an - Chunnacas am Mòd air an telebhisean an toiseach.

1964 - Chraoladh a' chiad phrògram a dh'aona ghnòthach sa Ghàidhlig ann an 1964 air an robh '**S e Ur Beatha**.

1985 - Thòisich BBC Radio nan Gàidheal.

2008 - Chaidh BBC ALBA a chur air bhog.

2. Craoladh Gàidhlig | Gaelic Broadcasting

1. Fhuair am preasantair a' bhròg nuair nach do nochd e airson a' phrògram fad seachdain!
2. Tha cus fo-thiotalan anns a' Bheurla air BBC ALBA. B' fheàrrde putan a bhith ann a chleachdadh tu airson an cur dheth.
3. Thuirt Aonghas Dubh MacNeacail (nach maireann) gum bu chòir thar-ghuthan Gàidhlig a bhith air luchd-labhairt na Beurla air BBC ALBA agus air BBC Radio nan Gàidheal, ach cha do thachair seo fhathast.

1. Ceòl is Òrain | Music and Songs

òrain tàlaidh | lullabies
puirt à beul | mouth music

òrain molaidh | songs of praise
òrain luaidh | waulking songs

2. Cìdh an Fhidheall | Behold the fiddle

Cìdh 'n fhidheall, fair an fhidheall, [x 3]
Cuir an fhidheall air a' bhòrd.
Cìdh 'n fhidheall, fair an fhidheall, [x 3]
Cuir an fhidheall air a' bhòrd.

Nighean urra mhòir thu, [x 3]
Agus ogha 'n duine chòir.
Nighean urra mhòir thu, [x 3]
Agus ogha 'n duine chòir.

Nighean bean Thobhtaiche Dubha, [x 3]
Agus piuthar Raghnaill Òig.
Nighean bean Thobhtaiche Dubha, [x 3]
Agus piuthar Raghnaill Òig.

Chunna' mi san Dùn thu, [x 3]
A' dèanamh sùgradh ri MacLeòid.
Chunna' mi san Dùn thu, [x 3]
A' dèanamh cunntas ri MacLeòid.

6. Seinneadairean | Singers

1. Murchadh MacPhàrlain (Bàrd Mhealaboist)
2. Tha mi sgìth de Luchd na Beurla
3. Rugadh e ann am Mealabost ann an Leòdhas agus chuir e seachad a' mhòr-chuid de a bheatha an sin cuideachd.
4. Sìleas NicDhòmhnaill
5. Màiri Anna NicUalraig agus Wilma Ceanadach.

4.

Gàidhlig na h-Èireann | Irish Gaelic

'S e Pàdraig MacDhòmhnaill an t-ainm a th' orm agus tha mi a' fuireach ann an Glaschu. Ach 's e Èireannach a th' annam agus rugadh mi ann an Corcaigh, ann an taobh an iar-dheas na h-Èireann. Bha Gàidhlig na h-Èireann againn aig an taigh, ach dh'ionnsaich mi Gàidhlig na h-Alba nuair a thàinig mi dhan oilthigh. Tha mi pòsta a-nis ann an Glaschu agus tha a' chlann agam a' dol gu Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu sa bhaile. Bidh sinn uile a' bruidhinn na Gàidhlig aig an taigh, Gàidhlig na h-Alba no Gàidhlig na h-Èireann!

Geama 1 - Cò a' chiall a tha ceart | Call my Bluff

FACAL	A' CHIALL CHEART
caimheanach	breac - Shnàmh an caimheanach anns an abhainn. trout
gille-cràigein	muile-mhàgaig / muile-mhàg - Chunnaic mi gille-cràigein anns an rainich. toad
dùad	amadan - 'S e dùad a bh' ann. idiot
logaidh	dosan - Bha logaidh mòr ruadh air. fringe
dochair	ceàrr - Bha e dochair. wrong
deifir	cabhag - Tha deifir oirre. haste, hurry

2. Teampall na Trianaid | Trinity Temple

1. Còig bliadhna agus ceithir mìosan
2. Tha Tormod ag ràdh nach eil làraichean an Teampaill ro bhrìste agus cha chosgadh e mòran mullach a chur air.

4. Creideamh a' Bhata Bhuidhe | The Yellow Stick Belief

1. Chuir Mac 'ic Ailein na seirbhisich aige a dh'obair air latha fèille.
2. Cha robh Mac 'ic Ailein toilichte leis an t-searmon a ghabh an sagart agus dh'fhàg e an eaglais nuair a chuala e e. Cha deach e tuilleadh dhan eaglais an dèidh sin.
3. Rinn e nadar de chreideamh dha fhèin agus thug e air na daoine eile a' tighinn a-nall thar na h-aibhne dhan chreideamh aige. Rinn mòran sin agus 's e Creideamh a' Bhata Bhuidhe a bh' air a' chreideamh aige.

5. Dè ghabhas tuigsinn? | What can be understood?

- **Chaidh** leabhraichean a leughadh. | Books **got** read.
- **Bha** leabhraichean **gan** leughadh. | Books were **being** read.
- **Leughadh** leabhraichean ùra. | New books **were** read.

1. An deach do thaigh a thogail le cuideigin air a bheil thu eòlach?
2. An gabh balgair-bhuachair togail agus ithe far a bheil thu fhèin a' fuireach?
3. An robh an clas seo ga theagasg leis an aon tidsear a bha ga theagasg air a' mhìos seo chaidh?

Geama 1 - Lorg cuideigin... | Find someone...

NA CEISTEAN

1. An do leugh thu leabhar mu fheallsanachd a-riamh?
2. A bheil thu eòlach air na h-ainmean a th' air co-dhiù deich feallsanaichean?
3. A bheil thu den bheachd nach urrainn dha daoine atharrachadh?
4. Am bu toil / Am bu mhiann leat cùrsa feallsanachd a dhèanamh?
5. A bheil sealladh dearbhach / aigheach / togarrach agad mun bheatha?
6. Am bu toil leat a bhith beò gu ruige aois 100?
7. A bheil thu den bheachd gu bheil e math a bhith a' fàiligeadh?
8. Am bu chòir dhuinn a bhith ag èisteachd nas dlùithe ri clann?
9. A bheil thu a' seachnadh feòil air adhbharan feallsanachail?
10. An dèanadh tu rudeigin mì-laghail gus beatha cuideigin eile a shàbhaladh?

2.

A' Ghaoth | The Wind

The wind is blowing in the chimney.
What is she complaining about all night?
That she is without a name? That people don't speak about her
When she is quiet in the wood?

Does she want people to notice her?
Is that why she breaks our boats,
that she destroys our marble houses,
that she drowns our sailors in the sea?

And when she sees submission in our faces
does she grow quiet again, does she go to sleep,
with her belly full, with her head light and calm?

7.

Somhairle MacGill-Eain | Sorley MacLean

trom faca _ | through which _ saw

buailear | shall be struck

chan fhaighear | shall not be found (got)

tuaineal | dizziness, stupor, vertigo

snòtach | sniffing

rim bheò | while I live, in my lifetime

Geama 1 - A' Bhàrdachd Bhòidheach | The Beautiful Poetry

NA DÀIN

1. Chunnaic mi dà chloich nan seasamh
nan aonar –
chaidh lèanag fhàgail dhaibh anns a'
choille ghiuthais,
2. Is duilich leam an càradh
Th' air coire gorm an fhàsaich,
3. Tha mi nam shuidhe ag èisteachd ribh
agus tha mo chridh' a' tuigsinn
barrachd na mo chlaisneachd;
4. Thogamaid ar fonn
Anns an òg-mhadainn,
'S Phèbus (a') dath nan tonn
Air fiamh òrainsein;
5. Tha eilean beag na mo chuimhne
's e na laighe air cuan deich bliadhna,
6. An latha mu dheireadh den t-samhradh,
Là as fad' air am bi iomradh,

1. Dòchas | Hope

miann(an) | desire(s) dòchas(an) | hope(s) iarrtas(an) | want(s) feumalachd(an) | need(s)

2. Litir gu Bodach na Nollaig | A letter to Santa

1. Ubhal no orainsear agus bonn sia-sgillinn
2. Cha robh e fialaidh.
3. Na daoine à Saudi Arabia agus dùthchannan eile anns an Ear Mheadhanaich
4. Bu mhiann le Fred gum bi muinntir an àite a' ceannach an fhearainn agus a' gabhail còir air dhaibh fhèin agus ga chur gu barrachd feum 's a bha e bho chionn cheudan de bhliadhnaichean.
5. Bu mhiann leis gum biodh barrachd Gàidhlig ga cleachdadh 's ga teagasg sna sgoiltean, agus gum biodh barrachd dhaoine dhaoine le Gàidhlig no barrachd Ghàidheal ag obair ann an Comann Telebhisean na Gàidhlig gus an toireadh iad piseach air.

5. ... gum faicte... | ... that it would be seen...

1. Chuirte dà mhìos seachad aig an àirigh gach samhradh.
2. Bhite an dòchas gum faicte an cleasaiche aig pàrtaidh a' ghàrraidh ann an Dùn Èideann.
3. Tha e soilleir a-nis gun robh fios aig companaidhean nach fhaighte cuidhteas sgudal plastaig.

1. Na Fuadaichean | The Clearances

1. 'S e 'Maighread nam Mallachd' a bh' aig na Gàidheil air a' Bhanrigh Mairead leis gun robh crìonadh cànanain agus cultair na Gàidhlig thairis air na linntean anns a' mhòr-chuid de dh'Alba na chuimhneachan a cheart cho maireannach oirre.
2. Thug an SSPCK buaidh mhòr air a' Ghàidhlig leis gum b' e a' Bheurla a fhuair prìomhachas anns na sgoiltean aca. Bhiodh iad a' teagasg tron Bheurla, a' cleachdadh stuthan Beurla agus b' e an SSPCK gu ìre a bu choireach airson crìonadh na Gàidhlig.
3. 'S e seòrsa de dh'fheamainn a th' ann an ceilpe agus thug gnìomhachas na ceilpe cosnadh do dhaoine aig nach robh ach teachd-a-steach glè bheag, ma bha dad idir. Bhiodh daoine a' buain na ceilpe agus ga losgadh gach latha. Dh'fheumadh iad 5 tunnaichean stamh a bhuain airson 1 tunna luatha a dhèanamh agus bha an luath sin air a chleachdadh ann an diofar ghnìomhachasan, glainne agus siabann nam measg.
4. B' e 'meadhan-chlas' a' chinnidh a bha anns na fir-taca. Bha iad an urra ri bhith a' ruith an fhearainn agus 's iad a bha a' gairm nam fear-cinnidh nuair a bhathas gan iarraidh airson sabaid. Bha na fir-taca a' toirt fearann air mhàl do thuathanaich gabhaltais, agus bha iadsan a' toirt obair do choitearan.
5. Tha cliù aig Colm Cille mar an neach a thug an creideamh Crìosdaidh do dh'Alba. Thàinig e agus dusan chompanach a Cheann Tìre an Earra-Ghàidheal agus rinn iad an dachaigh ann an Eilean Ì. Stèidhich Colm Cille Abaid Ì, ionad a bha cudromach airson creideamh, foghlam agus ealain.

2. Soitheach nan Daoine | The Ship of the People

1. Aig toiseach an ochdamh linn deug. Thòisich bailtean nach robh cho math no cho càilear ri New Lanark a' fàs agus bhathar a' cartadh nan daoine far na talmhainn agus

gan cur a dh'fhuireach faisg air na factaraidhean a bha a' cur feum air luchd-obrach. Ma bha cus dhaoine anns na bailtean ùra seo, bhathar gan sgiùrsadh a-null thairis.

2. Gnìomhachasan ùra - factaraidhean. 'S e baile math, càilear a bh' ann an New Lanark.
3. Ghabh airgead agus bathar àite dàimh agus càirdeis, air sgàth 's gun d' fhuair uachdarain agus marsantan na h-Alba cothrom air margaidhean Shasainn an dèidh aonadh nam pàrlamaid ann an seachd ceud deug 's a seachd.
4. Bha na cinn-fheadhna dèidheil air a bhith an sàs ann am poilitigs agus chuir iad seachad mòran de am beatha ann an Dùn Èideann agus Lunnainn, a' strì ri uaislean na Galltachd airson inbhe is beairteas. Bhruidhneadh iad a' Bheurla no Fraingis agus bha cruaidh-fheum aca air a h-uile sgillinn ruadh a gheibheadh iad airson caitheamh-beatha cho cosgail.

1. Bha an t-Uilleam an sàs ann an droch-bheart. 'S ann à Domhnach Daoi (Donaghadee) ann an Èirinn a sheòl i.
2. 'S dòcha gun robh an t-eagal air na fir eile agus nach robh iad ag iarraidh a bhith an sàs ann an rudeigin a bhiodh gam fàgail glaicte air a' bhàta. Bha iad sàbhailte gu leòr am falach anns na cnuic.
3. Bha na rinn Aonghas gaisgeil - ach dh'fhaodadh e a bhith air na daoine gu lèir a shaoradh. Dh'fhaodadh tu a ràdh gu bheil dà adhbhar nach do rinn e seo. Sa chiad àite, bhiodh e fada na bu choltaiche gun glacte iad nam biodh sluagh de dhaoine a' teicheadh, seach dithis. Ach math dh'fhaodte gun robh Aonghas cuideachd feargach nach do chuidich na fir eile e.
4. Chaidh na daoine a ghlasadh ann an sabhal, ach air a' cheathramh oidhche dhen t-Samhain, chaidh dorsan an t-sabhail fhàgail fosgailte agus sgap na prìosanaich. Cha robh na h-Èireannaich uile a' creidsinn na sgeòil aig Uilleam Davidson agus Tormod MacLeòid gur e mèirlich 's eucoirich a bha fo ghlais aca.
5. Chaidh na h-eileanaich bhochda fhàgail lom, dòthta, ach ghabh na h-Èireannaich truas riutha agus thug iad obair dhaibh air na tuathanasan. Chaidh cuid de na Sgitheanaich dhachaigh, ach dh'fhuirich an còrr ann an Èirinn.
6. Tha Aonghas MacIllFhinnein a' smaointinn gur dòcha gum biodh am Prionnsa Teàrlach air Blàr Chùil Lodair a bhuannachadh nam biodh MacLeòid 's an Dòmhnallach air a thaobh a ghabhail agus gum biodh sin air eachdraidh Bhreatainn atharrachadh.

3. Iomairt uaine | Green campaign

Ceart, tha an t-àm ann co-dhùnadh a dhèanamh. Tha gach pàrtaidh às dèidh ur bhot a-rithist, ach chan eil ach trì dhiubh a' nochdadh air deasbadan telebhisein. Sin agad na trì pàrtaidhean a dh'abharaich an staid anns a bheil sinn a' strì airson làmh an uachdair mar as àbhaist. Ach dè an diofar a th' eatarra? Na làithean-sa tha dearg a' sìor-fhàs coltaiche ri gorm agus gorm ri dearg. Tha dearg a' gluasad beagan dhan taobh dheis, gorm a' gluasad beagan dhan taobh chlì. Agus iadsan? Chan eil fios acasan càit am bu chòir dhaibh a bhith! Thug iad uile cùl-taic dha na bancairean, bha iad uile an lùib sgainnealan chosgaisean agus tha na trì dhiubh airson seirbheisean poblach a ghearradh. Tha iad uile a' bruidhinn mu atharraichean, ach cha toir duine aca sin gu bith. Gu fortanach, tha roghainn eile agaibh. Pàrtaidh a tha airidh air a' bhot agaibh. Ann an Alba, tha Am Pàrtaidh Uaine mar-thà a' soirbheachadh. Chan ann dìreach a thaobh na h-àrainneachd, ach air eucoir, obraichean, saorsa chatharra agus air seirbheisean poblach a dhìon; a' toirt togail air an eaconomaidh agus a' toirt ionnsaigh air bochdainn.

1. Tha iad air a bhith soirbheachail a thaobh na h-àrainneachd, agus air eucoir, obraichean, saorsa chatharra agus air seirbheisean poblach a dhìon. Tha iad a' toirt togail air an eaconomaidh agus a' toirt ionnsaigh air bochdainn.
2. Le bhith a' cur airgead ann an taigheadas, cumhachd ath-nuadhachail agus a' toirt taic ri gnìomhachasan beaga.

panail-ghrèine *f* | solar panel

teasachadh-grèine *m* | solar heating

tuathanas-grèine *m* | solar farm

dealan-uisge *m* | hydro-electricity

tuathanas-gaoithe *m* | wind farm

lùth-gaoithe *m* | wind power

crann-gaoithe *m* | wind turbine

ath-fhiadhachadh *vn* | re-wilding

Geama 1 - Atharrachadh na gnàth-shìde | Climate change

NA SEANTANSAN

1. A rèir a' Chomainn Chòmhdhail Adhair Eadar-nàiseanta, tha 2% de dh'èimiseanan an t-saoghail a' tighinn bho shiubhal adhair.
2. Chì sinn a-nis còrr is trì ceud millean tonna de phlastaig air a chruthachadh air feadh an t-saoghail gach bliadhna.
3. Ged a tha plastaig maireannach, thèid a bhriseadh sìos thairis air ùine agus tha seo ag adhbhrachadh duilgheadas fada nas miosa na bha sinn a' smaoineachadh gu h-àraid far a bheil meanbh-phlastaig ann.
4. Tha luchd-saidheans a' creidsinn gum feumar ceumannan a ghabhail an-dràsta gus buaidh atharrachadh na gnàth-shìde a lùghdachadh agus gus nach tèid barrachd millidh a dhèanamh air a' phlanaid.
5. 'S dòcha nach eil atharrachadh na gnàth-shìde na adhbhar dìreach airson thuiltean, ach faodaidh e an t-uisge a dhèanamh nas truime, agus stoirmean agus leaghadh-sneachda a dhèanamh nas miosa.
6. San t-Sultain 2021, chaidh suidheachadh èiginn a ghairm ann am Baile New York an dèidh an uisge bu mhotha a-riamh, a thàinig an cois Stoirm Thropaigeach Ida. Chaidh taighean a mhilleadh, bha daoine air an glacadh ann an fo-làran, bha an tràna fo-thalamh agus rathaidean fo uisge, agus thuit co-dhiù 8cm de dh'uisge ann am Pàirc a' Mheadhain taobh a-staigh uair a thìde.

3.

Gaisgich Eachdraidheil | Historical Heroes

1. Dà chopan a bhuineadh (mas fhìor) do dh'Fhionnghal NicDhòmhnaill
2. Tha an tè à Leòdhas ag ràdh gun robh buinteanas aice ri teaghlach Fionnghail NicDhòmhnaill, ach shaoileadh tu gur ann às an Eilean Sgitheanach no gur ann à Uibhist a bhiodh cuideigin a tha càirdeach ri Fionnghal.
3. 'S e gaisgeach aig na Gàidheil a bh' ann am Fionnghal NicDhòmhnaill agus tha daoine ag iarraidh buinteanas a bhith aca rithe.

7.

Gàidhlig san àm ri teachd

1. Chuir e seachad bliadhnaichean mòra ag obair ann an leasachadh na Gàidhlig.
2. Bha. Thug an naidheachd mu dheidhinn toradh a' chunntais-shluaigh toileachas mòr dha.
3. 'S e an t-amas a bh' aca gun lùghdaicheadh iad an t-astar aig an robh crìonadh na Gàidhlig a' tachairt gach deichead.
4. Mura b' e an iomairt airson Inbhe Thèarainte, cha robh reachdas, cha robh Achd na Gàidhlig air tighinn agus ged a tha i lapach ann an iomadach dòigh, thug i dìon dhan chànan agus thug i dìon dhan adhartas a bha daoine a' faotainn leis a' chànan. Tha Inbhe Thèarainte na pàirt chudromach de seo.
5. Tha e a' smaoineachadh gu bheil an cànan nas laige am measg na h-òigridh na bhiodh daoine ag iarraidh. Ach chan eil seo na iongnadh mura bi an òigridh a' faotainn a' chànan ach anns an sgoil. Chan eil uimhir de chothroman aca a bhith air am bogadh anns a' chànan.